

Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear 2023-2028

**Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3
de dh'Àchd na Gàidhlig (Alba) 2005**

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de
dh'Àchd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh
aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 10 Sultain 2024

Ro-ràdh

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig air cur gu mòr ri ar n-eachdraidh agus ri ar cultar beò, agus cumaidh sinn oirnn a' cumail taic ri seo tro libhrigeadh an dàrna eagrain den Phlana Ghàidhlig againn. Tha an t-eagran seo a' togail air an obair a rinneadh sa chiad eagran den Phlana Ghàidhlig againn airson 2018-23 agus tha e a' mìneachadh gnìomhan eile a nì a' Chomhairle gus mothachadh àrdachadh agus gus a' Ghàidhlig agus a cultar a dhìon, a bhrosnachadh agus a leasachadh ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear ann an dòigh a tha co-rèireach san sgìre againn.

Chaidh an t-eagran seo a chruthachadh aig àm inntinneach dhan Ghàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, leis a' chiad ionad Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san sgìre a' fosgladh san Lùnastal 2023. Tro bheatha an eagrain seo tha sinn an dòchas togail air an obair leasachaidh seo agus a bhith a' leudachadh na tairgse seo, a' comharrachadh raon de chothroman do ar coimhearsnachdan agus do ar luchd-obrach agus a bhith ag ionnsachadh bho dheagh chleachdadh ann an ùghdarrasan ionadail eile agus sinn ag obair ann an com-pàirteachas far a bheil sin comasach.

Ann a bhith a' deasachadh an eagrain seo, tha dealas aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' dèanamh seo a rèir amasan agus prionnsapalan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tro bhith a' cur an eagrain seo an gnìomh thar nan còig bliadhna a tha romhainn, tha sinn ag amas air taic a thoirt do libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus do dh'amasan Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ann an dòigh a tha reusanta dhan ùghdarras ionadail againn agus mothachail air na dùbhlain eaconamach mòra a tha mur coinneamh fhathast.

Steven Quinn
Àrd-oifigear
Siorrachd Rinn Friù an Ear

Clàr-innse

1. Ro-ràdh	4
2. Prìomh phrionnsapalan	13
3. Co-chomhairle.....	14
4. Gealltanasan a’ Phlana againn	15
5. Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta.....	32
6. Foillseachadh.....	33
7. Goireasachadh a’ Phlana	33
8. A’ sgrùdadh a’ Phlana.....	34
9. Am Plana Gàidhlig anns an Ùghdarras Phoblach	34
Eàrr-ràdh 1 – In-sgrùdadh air Comas Cànan	36
Eàrr-ràdh 2 - Co-chomhairle Phoblach.....	39

1. Ro-ràdh

Tha alt 27 aig a' Ghairm-Uile Choitcheann air Còraichean Daonna ag ràdh “*Tha còir aig gach neach pàirt a ghabhail gu saor ann am beatha chultarach na coimhearsnachd*”. Tha seo a' toirt na còrach dhan a h-uile duine cothrom fhaighinn air, pàirt a ghabhail ann an, agus tlachd a ghabhail à cultar, dualchas cultarail agus cur an cèill cultarail. Chaidh a' Ghàidhlig a bhruidhinn ann an Alba airson còrr is 1,500 bliadhna agus mar sin, tha i na pàirt bunaiteach de dhualchas agus dearbh-aithne chultarail na h-Alba.

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla. Tha an Achd a' toirt cumhachd do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach plana Gàidhlig ullachadh gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo an dàrna Plana Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a chaidh ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig. Thathar air Plana Gàidhlig Siorrachd Rinn Friù an Ear a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' co-dhùnadh gu bheil leasachadh na Gàidhlig air adhartas math a dhèanamh ach gu bheil mòran ri dhèanamh gus seo a chumail suas agus gus barrachd spionnaidh a bhith ann tro ghealltanasan ùra gus dèanamh cinnteach gum bi **“Gàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean.”** Tha am plana cuideachd a' cur cuideam air a' phàirt chudromach a th' aig a' Ghàidhlig ann an eaconamaidh agus ann am beatha chultarail na h-Alba.


Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a' cumail taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha i air rùnachadh cur ris na h-amasan sin tro bhith a' cur fòcas air ar cuid obrach fo na trì cinn seo:

- **A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn**
- **A' cur ris na cothroman a th' aig daoine gus Gàidhlig ionnsachadh**

- **A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig far an gabh seo dèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann**


Sgìre ionadail

Tha Siorrachd Rinn Friù an Ear deas air Cathair-bhaile Ghlaschu agus tha i a' còmhdach sgìre de 67 mìle ceàrnagach. Tha 85% de seo air a dhèanamh suas de dh'fhearann dùthchail agus tha a' mhòr-chuid den chòrr den sgìre nam fo-bhailtean còmhnaidh. Tha sgìre Gleann Labharain a' gabhail a-steach bailtean Chnoc a' Bhaile, Bhaile Nèill agus Uplawmoor. Tha sgìre na Coille an Ear a' gabhail a-steach Busby, Baile Chlarc agus Coille Uilleim, Eaglesham agus Waterfoot, Giofnag, Netherlee agus Stamperland, Baile Ùr na Maoirne agus Thornliebank.



Deamografachd Ionadail

Bha am fiosrachadh gu h-ìosal ceart aig àm an sgrìobhaidh ann an 2023. Gheibhear ùrachaidhean fad beatha a' phlana an seo: <https://www.eastrenfrewshire.gov.uk/programmes-and-plans> (Planning for the Future).



Ùghdarras ionadail

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a' toirt seachad seirbheisean riaghaltais ionadail airson Siorrachd Rinn Friù an Ear gu lèir agus ag tha i ag amas air a bhith na **comhairle ùr-nodha, àrd-amasach a tha a' cruthachadh àm ri teachd a bhios nas cothromaiche do na h-uile**. Tha a' Chomhairle a' fastadh còrr is 4000 neach-obrach a tha ag obair ann an 5 roinnean:

- Oifis an Àrd-oifigeir
- Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais
- Foghlam
- Àrainneachd
- Com-pàirteachas Slàinte is Cùram Sòisealta

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear na rianachd cho-bhanntachd eadar na Làbaraich agus aon chomhairliche neo-eisimeileach. Tha 18 comhairlichean a' riochdachadh 5 uàrdan ioma-bhall leis na pàrtaidhean poilitigeach air an riochdachadh mar a leanas:


- SNP - 6
- Tòraidh - 5
- Làbaraich - 5
- Neo-eisimeileach - 2

Bha caiteachas de chòrr is £330m aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear ann an 2022/23. Ach, san Dàmhair 2022, dh'ainmich a' Chomhairle gun robh gainnead maoinachaidh de chòrr is £30m gu bhith aca thairis air an ath thrì bliadhna air sgàth diofar adhbharan. Chaidh sàbhailidhean mòra a mholadh airson an dà chuid luchd-obrach agus luchd-còmhnaidh thar nam bliadhnaichean ri teachd, mar sin chaidh am plana seo a chruthachadh ann an co-theacs an t-suidheachaidh ionmhais chugallaich seo agus tha na gnìomhan a tha air am mìneachadh a rèir seo.

Prìomhachasan Ionadail

Tha sinn ag obair gus cliù na sgìre a chumail suas mar àite tarraingeach is soirbheachail airson a bhith a' fàs suas, ag obair, airson a bhith a' tadhal air, airson teaghlach a thogail agus airson a bhith a' fàs sean. Nì sinn seo le bhith ag obair leis na Com-pàirtichean Planaidh Coimhearsnachd againn gus coimhearsnachdan nas treasa agus nas cothromaiche a chruthachadh còmhla ri muinntir Siorrachd Rinn Friù an Ear. 'S e plana àrd-ìre 10-bliadhna a th' anns a' Phlana Coimhearsnachd againn (a tha a' gabhail a-steach Siorrachd Rinn Friù an Ear nas Cothromaiche) a tha a' cur an cèill nam prìomhachasan agus a' cho-theacsa airson obair com-pàirteachais ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear gus dèanamh cinnteach gu bheil planaichean agus ro-innleachdan uile a' Chom-pàirteachais Planaidh Coimhearsnachd ag obair a dh'ionnsaigh nan aon amasan agus lèirsinn airson ar coimhearsnachdan.

Tha na builean seo a' mìneachadh cò ris a bhios beatha coltach do ar clann, daoine òga, inbhich agus seann daoine nuair a choileanas sinn ar n-amasan. Tha còig raointean prìomhachais ann an-dràsta a tha air an leantainn gu cunbhalach air feadh a' phlanaidh ro-innleachdail againn. 'S iad sin:



Tha am plana a' gabhail a-steach Siorrachd Rinn Friù nas Cothromaiche (am Plana Leasachaidh Builean Ionadail againn). Le fòcas air a bhith a' cur aghaidh air neo-ionannachd air feadh Siorrachd Rinn Friù an Ear, tha sinn a' libhrigeadh phlanaichean gnìomh airson gach fear de na cuspairean ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear nas Cothromaiche le ar com-pàirtichean planadh coimhearsnachd.

Cuiridh na gealltanasan ann am Plana Gàidhlig Comhairle Rinn Friù an Ear 2023-2028 ris an lèirsinn, gu sònraichte tro na builean a leanas:

- 2.1 Tha na sgilean, cothroman ionnsachaidh agus a' mhisneachd cheart aig luchd-còmhnaidh gus obair fhaighinn agus a chumail suas (toradh ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear nas Cothromaiche)
- 2.2 Tha clann agus daoine òga air an gabhail a-steach
- 2.3 Bidh clann agus daoine òga ag àrdachadh an coileanadh agus buileachadh foghlaim gus an tog iad na sgilean a tha a dhìth orra
- 3.4 Tha Siorrachd Rinn Friù an Ear na àite math airson a bhith a' tadhal air
- 4.4 Tha luchd-còmhnaidh a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha làidir, fèin-sheasmhach agus ath-leumach

Gàidhlig ann an Alba

Tha a' Ghàidhlig air aon de chànanan nàiseanta na h-Alba agus tha dualchas beairteach aice agus cultar beòthail de cheòl, beul-aithris agus litreachas a chithear ann an gluasad nàiseanta nam Fèisean; am Mòd Nàiseanta Rìoghail; Mòdan ionadail agus Comhairle nan Leabhraichean. Tha buaidh eachdraidheil a' chànan ri faicinn ann an iomadh ainm-àite air feadh na h-Alba agus tro na h-ainmean aig grunn chomharran-tìre leithid beanntan is lochan. Nuair a tha thu ann an Alba, chithear prògraman ann an Gàidhlig thairis air TBh, rèidio agus air-loidhne.

Tha a' Ghàidhlig na pàirt bunaiteach de dhualchas, fèin-aithne agus cultar na h-Alba. Agus tha i na cothrom gun samhail do ghnìomhachas turasachd na h-Alba mar phàirt air leth de thuras gu Alba a bheir fìor bhlasad de dh'Alba.

Fhuair Cunntas-sluaigh na h-Alba a-mach gu bheil sgilean sa Ghàidhlig aig 2.5% de dhaoine aois 3 agus nas sine ann an 2022. Tha seo na àrdachadh de 43,100 neach bho 2011 nuair a bha sgilean sa Ghàidhlig aig 1.7%. Ann an 2001 bha sgilean Gàidhlig aig 1.9%, ìre coltach ri 2011. Anns na h-Eileanan Siar bha sgilean Gàidhlig aig a' mhòr-chuid (57.2%). Bha seo fada na b' àirde na na h-ath sgìrean comhairle leis na h-ìrean as àirde: a' Ghàidhealtachd (8.1%) agus Earra-Ghàidheal is Bòd (6.2%). Anns a h-uile sgìre comhairle eile bha sgilean Gàidhlig aig nas lugha na 3% de dhaoine aois 3 agus nas sine.

Bho chaidh cùrsa Gàidhlig a chur air bhog air aplacaid Duolingo air Latha Fhèill Anndrais 2019, tha 1.5 millean neach air tòiseachadh air Gàidhlig ionnsachadh gus ceangal a dhèanamh ris an dualchas aca, le cultar mar a' phrìomh adhbhar airson ionnsachadh. Tha a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail an dàrna cuid air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh san sgìre aca no tha iad ag obair ga ionnsaigh agus tha plana reachdail aig còrr is 60 buidheann poblach, a tha a' mìneachadh mar a chuireas iad ri seasmhachd agus fàs na Gàidhlig ann an Alba.

Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear


Tar-shealladh

Tha coimhearsnachd Ghàidhlig an ìre mhath beag aig Siorrachd Rinn Friù an Ear. Sheall Cunntas-sluaigh 2022, thar sgìre na comhairle, gu bheil sgilean Gàidhlig aig 1.4% (1,357 daoine) den fheadhainn aois 3 agus nas sine. Seo àrdachadh de 483 bho chunntas-sluaigh 2011.

Ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, tha cothroman ann a dhol an sàs ann an ionnsachadh na Gàidhlig an dà chuid anns na sgoiltean agus sa choimhearsnachd, a' gabhail a-steach Bookbug Gàidhlig a tha a' tachartas nar leabharlannan cho math ri clasaichean ionnsachaidh do dh'inbheach.

Sgìre	A h-uile duine aois 3 no nas sine	Comas Gàidhlig a thuigsinn ach gun chomas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh	Comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh	Comas Gàidhlig a bhruidhinn ach gun chomas Gàidhlig a leughadh no a sgrìobhadh	Comas Gàidhlig a bhruidhinn is a leughadh ach gun chomas Gàidhlig a sgrìobhadh	Comas Gàidhlig a leughadh ach gun chomas Gàidhlig a bhruidhinn no a sgrìobhadh	Measgachadh eile de sgilean Gàidhlig	Gun sgil sam bith anns a' Ghàidhlig
Siorrachd Rinn Friù an Ear	94,174	486	459	194	87	102	27	92,817

Tha buaidh na Gàidhlig ann an ainmean-àite Siorrachd Rinn Friù an Ear soilleir agus tha am mapa gu h-ìosal, air a dheasachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Ainmean-Àite na h-Alba, a' sealltainn buaidh fharsaing a' chànain.



Foghlam

Tha Siorrachd Rinn Friù an Ear mar chomhairle air rùnachadh cothroman air foghlam Gàidhlig a thoirt do mhuintir an àite agus airson daoine a tha ag iarraidh seo san àm ri teachd. Bidh Bookbug Gàidhlig a' tachairt anns na leabharlannan againn airson clann aois 0-4. Bidh sinn cuideachd a' toirt seachad taic-airgid gus beagan sgoilearan bun-sgoile agus àrd-sgoile a thoirt gu Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus gu foghlam Gàidhlig ann am Beinn Chamshroin ann an Siorrachd Lannraig a Deas. Às dèidh co-chomhairle sa Ghearran 2022, chaidh làn mheasadh a dhèanamh air an fheum air Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, às dèidh do chòignear chloinne a bhith air an comharrachadh airson na bliadhna sgoile 2023/2024 agus sianar chloinne eile airson bliadhnaichean às dèidh sin.

San Ògmhios 2022 dh'aontaich [Comataidh an Fhoghlaim](#) solar FtG aig ìre na bun-sgoile le clasaichean measgaichte a stèidheachadh ann am Bun-sgoil Thornliebank bhon fhoghar 2023 le bhith a' fastadh dithis luchd-obrach le Gàidhlig. Bheir seo cothrom do sgoilearan a tha a' tòiseachadh ann an Clas 1 anns a' Bhun-sgoil foghlam Gàidhlig fhaighinn gu h-ionadail ann an sgoil shònraichte. Is e ceum cudromach a tha seo do Shiorrachd Rinn Friù an Ear agus thathar an dòchas gum bi buaidh nas fharsainge aig stèidheachadh FtG sa bhun-sgoil taobh a-staigh nan sgoiltean againn air feadh nan coimhearsnachdan againn a thaobh togail is cleachdadh cànan. Tha sinn den bheachd gun nochd seo dealas agus aithne do chliù na Gàidhlig air feadh na Comhairle agus cumaidh sinn oirnn a bhith gnìomhach ann a bhith a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig.

Luchd-ionnsachaidh Inbheach

Bithear a' cumail chlasaichean Gàidhlig aig ìre luchd-tòiseachaidh agus ìre adhartach ann an Giofnag aig àm teirm air cosgais lasaichte. Bha na clasaichean seo airson pàrantan no luchd-gleidhidh chloinne ann an sgoiltean Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig an toiseach ach tha iad a-nis fosgailte do dhuine sam bith aig a bheil ùidh sa chànan. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu na clasaichean an seo:

<https://www.whatsoneastrenfrewshire.co.uk/listings/learn-gaelic-for-beginners-&-advanced/>

A' Ghàidhlig taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear

Nuair a bha sinn ag ullachadh na sgrìobhainn seo, rinn sinn sgrùdadh air comas Gàidhlig an luchd-obrach gus am b' urrainnear na gnìomhan agus gealltanasan a cho-thaobhadh ris na sgilean làithreach aig a' bhuidhinn againn agus gus sealltainn far an robh feum air fastadh no trèanadh a bharrachd.

Geàrr-chunntas nan toraidhean

- Tha 2 obair ann an Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear aig an àm seo le Gàidhlig mar sgil riatanach, aon dreuchd 0.5 mar Thidsear Clas FtG agus 1 dreuchd Prìomh Thidsear Làn-ùine airson na sgoile FtG ùire.

- Fhuair 40 freagairt dhan t-suirbhidh uile gu lèir, a tha a' riochdachadh mu 1% de luchd-obrach na Comhairle air fad.
- B' urrainn do 5 duine Gàidhlig a thuigsinn/a leughadh/a sgrìobhadh/a bhruithinn gu ìre
- Bha 4 neach air pàirt a ghabhail ann an ionnsachadh na Gàidhlig aig ìre air choreigin, bho bhith a' cleachdadh Duolingo gu bhith air Gàidhlig a dhèanamh mar phàirt de churraicealam na sgoile aca.
- Cha robh aig neach-freagairt sam bith ri Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach riamh
- Nochd 70% ùidh air choreigin ann a bhith a' gabhail pàirt ann an trèanadh mothachaidh Gàidhlig

Cleachdaidh sinn am fiosrachadh seo mar bhun-dàta agus feuchaidh sinn ri coimeas a dhèanamh eadar seo agus am fiosrachadh a chruinnichear airson an ath Phlana Ghàidhlig againn.

Gheibhear aithisg nas mionaidiche mun sgrùdadh air comas ann an Eàrr-ràdh 1.

2. Prìomh phrionnsapalan

Tha an earrann seo den phlana a' daingneachadh dealas Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a thaobh trì prìomh phrionnsapalan a thèid a chur an sàs air feadh a' phlana agus air feadh an ùghdarrais.

Spèis cho-ionann

Fo chumhachan Achd 2005, thathar ag iarraidh air Bòrd na Gàidhlig a dhleastanasan a thoirt gu buil le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann dhan Bheurla. A' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca mar a thèid am prionnsapal a choileanadh agus a chumail suas ann an cleachdadh.

Nì Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

Tairgse Ghnìomhach

Bidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù an ear a' tairgsinn nan seirbheisean Gàidhlig againn gu gnìomhach dhan luchd-obrach againn agus dhan phoball. Nì seo cinnteach, nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gum bi luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan a choileanadh mas e sin a thaghas iad. Nì sinn cinnteach gu bheil na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

Àbhaisteachadh

Ann a bhith a' cur ri chèile, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh phoileasaidhean, beachdaichidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear air na gealltanasan a chaidh a dhèanamh anns a' phlana Ghàidhlig seo agus nì sinn cinnteach gum bi a' bhuidhe a bheir iad air a' Ghàidhlig a rèir amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig gum bi a' Ghàidhlig ga chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

Gus an t-amas seo a choileanadh, tha àbhaisteachadh na Gàidhlig mar phàirt de structar beatha làitheil na h-Alba na phrìomh ghnìomh agus tha ùghdarrasan poblach aig cridhe seo.

3. Co-chomhairle

Mar phàirt de dh'Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca thoirt gu aire nam buidhnean/daoine uile aig a bheil ùidh sa chùis. Rinn Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear co-chomhairleachadh poblach air an dreach eadar an Cèitean agus an t-Ògmhios 2023 agus tha iad air feart a ghabhail air na toraidhean anns a' phlana mu dheireadh. Bha a' cho-chomhairle air-loidhne fosgailte fad sia seachdainean agus chaidh a bhrosnachadh tro seanailean na comhairle air na meadhanan sòisealta.

- Uile gu lèir, bha 157 freagairtean dhan t-suirbhidh, le 324 'aonta' a bharrachd bho luchd-freagairt gu beachdan dhaoine eile air an àrd-ùrlar Commonplace.
- Bha mu 50% den luchd-fhreagairt toilichte/riaraichte le cho furasta 's a bha am Plana a leughadh agus a leantainn
- Bha 6% de dhaoine a fhreagair comasach air Gàidhlig a thuigsinn/ a bhruidhinn/a leughadh

Bha àireamh nach bu bheag den luchd-freagairt draghail mu bhith a' cleachdadh nan goireasan a th' ann mar-thà gus am Plana Gàidhlig a chur an gnìomh a chionn 's gu bheil na h-àireamhan de luchd-labhairt, luchd-sgrìobhaidh agus luchd-leughaidh na Gàidhlig caran ìosal ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear. Chuir luchd-freagairt na puingean a leanas air adhart gus piseach a thoirt air a' phlana agus a tha sinn air feart a ghabhail orra bhon uair sin:

- Tha feum air barrachd mion-fhiosrachaidh mu chothroman do dh'inbhich gus Gàidhlig ionnsachadh
- Tha Feum air tuigse nas fheàrr air carson a tha am plana cudromach agus air eachdraidh na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear
- Barrachd fiosrachaidh mu mar a thèid am plana a mhaoineachadh agus a bhuileachadh

Gheibhear aithisg nas mionaidiche mu fhiosrachadh mun cho-chomhairle ann an Eàrr-ràdh 2.

4. Gealltanasan a' Phlana againn

4.1 Amasan Seirbheisean Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig air seata de Amasan Seirbheis Corporra stannardach ullachadh Tha Amasan nan Seirbheisean Corporra stèidhichte air an eòlas a th' aig Bòrd na Gàidhlig air Planaichean Gàidhlig a chaidh aontachadh gu ruige seo, leis an amas prìomh sheirbheisean Gàidhlig a cho-òrdanachadh thar ùine san roinn phoblaich. Thathar an dùil gun toir gach ùghdarras poblach aghaidh air na h-Amasan Seirbheis Corporra sin uile sa phlana aca, a' toirt cunntas air cleachdadh làithreach, gnìomhan a dh'fheumar gus an t-amas a choileanadh, clàran-ama agus cò an sgioba air am bi uallach airson a bhith a' toirt air adhart nan gnìomhan.

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear air dèanamh cinnteach gu bheil na gnìomhan anns a' phlana a rèir an dà chuid meud an ùghdarrais ionadail againn agus ar comas air Gàidhlig a leasachadh san sgìre ionadail taobh a-staigh co-theacs suidheachadh dùbhlachaidh buidseit thar nam beagan bhliadhnaichean ri teachd.

Inbhe

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dh'ith	Ceann-latha targaid	Uallach
Suaicheantas agus branndadh - an suaicheantas corporra agus am branndadh a thoirt seachad an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas	Chan eil suaicheantas no branndadh Gàidhlig ann airson Siorrachd Rinn Friù an Ear an-dràsta.	Thathar a' cruthachadh tionndadh dà chànanach den t-suaicheantas corporra a bhios deiseil aig an aon àm ri fosgladh ar n-ionad FtG aig ìre na bun-sgoile san Lùnastal 2023. Bidh an suaicheantas dà-chànanach seo ri fhaighinn agus air a thabhan leis an Sgioba Conaltraidh	An Lùnastal 2023 An Lùnastal 2023	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais

ùrachaidh sam bith. Bu chòir dhan t-suaicheantas an aon ìre follaiseachd a thoirt dhan dà chànan.		Thathar a' cruthachadh suaicheantas dà-chànanach aig ìre na sgoile airson fosgladh an ionaid FtG ùir aig ìre na bun-sgoile.	An Lùnastal 2023	
Soidhnichean - Bidh soidhnichean a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.	Chan eil soidhnichean Gàidhlig air togalaichean Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear an-dràsta	Bidh soidhnichean san sgoil FtG a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bidh soidhnichean àrd-iomhaigh agus follaiseach air feadh na Comhairle air an dèanamh dà-chànanach air stèidh ath-nuadhachaidh.	Gach bliadhna tron eagraan seo Gach bliadhna tron eagraan seo	Foghlam/ Àrainneachd

Conaltradh leis a' phoball

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
Sanasachd - Teachdaireachd gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball daonnan.	Aig an àm seo, cha bhi sinn a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig dhan luchd-còmhnaidh againn gu cunbhalach.	Thèid duilleag-lìn eile a chruthachadh a bheir cunntas air tairgse FtG aig ìre na bun-sgoile ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, a bhios anns an dà chànan. Bidh earrann air an làraich-lìn airson a' Phlana Ghàidhlig cuideachd anns an dà chànan anns am bi aithris ag ràdh gu bheil sinn a' cur fàilte air conaltradh sam bith bhon phoball sa Ghàidhlig. Thèid an aithris seo a chur ri duilleag 'Cuir fios thugainn' na Comhairle cuideachd.	Gach bliadhna tron eagraan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais

Conaltradh sgrìobhte - thèid gabhail daonnan ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir poileasaidh àbhaisteach na buidhne.	Far a bheilear air iarrtasan fhaighinn, tha sinn air freagairt sa Ghàidhlig taobh a-staigh frèam-ama iomchaidh.	Bidh an stiùireadh againn air Eadar-theangachadh, Eadar-mhìneachadh agus conaltradh air ùrachadh gus a bhith a' gabhail a-steach iomradh sònraichte air a' Ghàidhlig agus am pròiseas a bu chòir a leantainn ann a bhith a' freagairt sa chànan seo, a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ris na Gnàthasan Litreachaidh Gàidhlig as ùire. Bidh an stiùireadh cuideachd a' sònrachadh gum bu chòir freagairtean Gàidhlig is Beurla a bhith air an dèanamh a rèir an aon raon-ama.	Gach bliadhna tron eagan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais
Fàilteachas is fòn – far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic gus seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis dhan phoball.	Chan eil luchd-obrach againn le Gàidhlig aig an ionad-fàilte no air na fònaichean an-dràsta.	Thèid trèanadh iomchaidh a thabhann do luchd-obrach aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. Thèid luchd-obrach a bhrosnachadh gu gnìomhach gus an leithid de thrèanadh a dhèanamh tro mhìosachan bliadhnail Ionnsachaidh is Leasachadh na Comhairle a bhios air fhoillseachadh dhan luchd-obrach air fad.	Gach bliadhna tron eagan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais
Coinneamhan poblach – tha cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gan sireadh	Nuair a thèid rabhadh 3 seachdainean a thoirt seachad, bheir sinn seachad seirbheis eadar-mhìneachaidh airson prìomh choinneamhan poblach.	Cùm air adhart a' buileachadh a' phoileasaidh seo agus a' tabhann na seirbheis seo dhan phoball gu gnìomhach	Gach mìos tron eagan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais

agus gam brosnachadh gu cunbhalach.				
-------------------------------------	--	--	--	--

Fiosrachadh

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhith	Ceann-latha targaid	Uallach
Fiosan naidheachd – bithear a’ cuairteachadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.	Cha bhi sinn a’ cur a-mach brathan-naidheachd gu dà-chànanach aig an àm seo.	Thèid fios naidheachd dà-chànanach a sgaoileadh nuair a dh’fhosglas ionad FtG aig ìre na bun-sgoile san Lùnastal 2023. Thèid cothroman eile gus a’ Bhun-sgoil Ghàidhlig agus obair Ghàidhlig eile a bhrosnachadh a chomharrachadh gu leantainneach. Cuiridh a’ Chomhairle co-dhiù dà fhios naidheachd dà-chànanach a-mach gach bliadhna	An Lùnastal 2023 Gach bliadhna tron eagraan seo Gach bliadhna tron eagraan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais
Meadhanan Sòisealta - Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta	Tha sinn air an tairgse FtG aig ìre na bun-sgoile a chomharrachadh air na meadhanan sòisealta.	Bidh susbaint bhon ionad FtG aig ìre na bun-sgoile air a cho-roinn gu cunbhalach air meadhanan sòisealta na comhairle.	Gach bliadhna tron eagraan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais

gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.				
Làrach-lìn - Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri faighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn.	Tha duilleag air làrach-lìn na Comhairle aig an àm seo le fiosrachadh mu FtG aig ìre na bun-sgoile agus mar a gheibhear cothrom air seo.	Thèid duilleag-lìn eile a chruthachadh a bheir cunntas air tairgse FtG aig ìre na bun-sgoile ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, a bhios anns an dà chànan. Bidh seo cuideachd a' toirt cunntas air cothroman ionnsachaidh agus cothroman cultarach Gàidhlig, mar as iomchaidh. Thèid Gàidhlig a thoirt a-steach air cuid de phrìomh dhuilleagan-lìn na Comhairle gus an àireamh de luchd-còmhnaidh a ruigear àrdachadh. Thèid Plana Gàidhlig 2023-2028 fhoillseachadh air làrach-lìn na comhairle anns an dà chànan.	An Lùnastal 2023 An t-Sultain 2024 Bliadhna 1	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais
Foillseachaidhean Corporra - air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine.	Tha aithris air na sgrìobhainnean corporra againn a' mìneachadh gun gabh an sgrìobhainn a thoirt seachad ann an cànan no cruth eile ma thèid seo iarraidh.	Thèid cuibhreann de dh'fhoillseachaidhean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig.	Gach bliadhna tron eagan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais

Càileachd cànanain - tha pròiseas an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig anns an fhiosrachadh chorporra aig ìre àrd.	Leanaidh sinn am pròiseas eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh làithreach againn nuair a bhios feum air seo, a' cleachdadh nan seirbheisean aig eadar-theangadair proifeiseanta.	Cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh nan seirbheisean aig eadar-theangadair Gàidhlig proifeiseanta nuair a bhios seirbheisean eadar-theangachaidh a dhìth airson eadar-theangachadh airson foillseachaidhean, meadhanan sòisealta agus susbaint dhan làraich-lìn.	Gach bliadhna tron eagraan seo	Na seirbheisean uile
Taisbeanaidhean - bu chòir coimhead air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach, le prìomhachas air a thoirt dhan fheadhainn leis a' bhuaidh as motha.	Aig an àm seo, cha bhi Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a' toirt seachad eileamaid Ghàidhlig sam bith ann an taisbeanadh sam bith.	Obraichidh sinn le com-pàirtichean ann an Cultar is Cur-seachad Siorrachd Rinn Friù an Ear gus cothroman a chomharrachadh gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gus a' Ghàidhlig is a cultar a chomharrachadh.	Gach bliadhna tron eagraan seo	Na seirbheisean uile

Luchd-obrach

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
In-sgrùdadh: dèan sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iartasan airson	Chan eil fiosrachadh sam bith againn an-dràsta mu sgilean Gàidhlig agus feumalachdan trèanaidh Gàidhlig ar luchd-obrach.	Sgrùdadh sgilean cànanain taobh a-staigh an luchd-obrach gu bhith air a dhèanamh a bheir a-steach cuideachd cruinneachadh fiosrachaidh mu ùidh ann an, no feum air, trèanadh Gàidhlig agus dè cho tric 's a	Lùnastal 2023 agus Lùnastal 2028	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais

trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.		bhios an cànan ga chleachdadh san àite-obrach. Amas cur ris an ìre fhreagairt dhan t-suirbhidh luchd-obrach (bun-loidhne 1%)	Ron Lùnastal 2028	
Inntrigeadh - bidh eòlas air plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich mar phàirt den phròiseas inntrigidh do luchd-obrach ùra.	Chan eil Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an mar phàirt de dh'inntrigeadh luchd-obrach ùra.	Thèid fiosrachadh a chur dhan Inntrigeadh Chorpóra mun Phlana Ghàidhlig againn.	An Lùnastal 2024	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais
Trèanadh cànan - Tha trèanadh is leasachadh ann an sgilean Gàidhlig air a lìbhrigeadh dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur an gnìomh Plana Gàidhlig na Comhairle.	Chan eil sinn a' toirt seachad trèanadh no leasachadh sgilean sam bith seachad sa Ghàidhlig.	Obraichidh sinn còmhla ri ùghdarrasan poblach eile gus cothroman ionnsachaidh air-loidhne a thoirt seachad dhan luchd-obrach. Bheir sinn seachad fiosrachadh air a h-uile fòram e-ionnsachaidh Gàidhlig leithid 1+2 Languages, Go Gaelic!, LearnGaelic agus Duolingo	Gach bliadhna tron eagan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais
Trèanadh mothachaidh Gàidhlig - trèanadh mothachaidh Gàidhlig air a thabhann, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh gu	Chan eil trèanadh mothachadh Gàidhlig ann do luchd-obrach aig an àm seo.	Tha sinn ag amas air cùrsa e-ionnsachaidh goirid air mothachadh Gàidhlig a thoirt seachad ann an com-pàirteachas le ùghdarras ionadail eile faisg air làimh agus a bhith a' brosnachadh na tairgse seo gu gnìomhach dhan luchd-obrach, le fòcas sònraichte air àrd-luchd-obrach agus Comhairlichean.	Gach bliadhna tron eagan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais

dìreach leis a' mhòr-shluagh.				
Fastadh- ag aithneachadh agus a' toirt spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseis fastaidh air feadh an ùghdarras phoblaich. Gàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir comhairle fastaidh Bòrd na Gàidhlig.	Tha comas aig manaidsearan fastaidh ùrachadh a dhèanamh air sònrachaidhean neach airson dreuchdan bàna airson comharrachadh a bheil cànan riatanach/feumail airson dreuchd shònraichte.	Nuair a thèid Gàidhlig a chomharrachadh mar riatanas airson dreuchd, ainmichidh manaidsearan fastaidh gu bheil i na riatanas airson na dreuchd shònraichte sin.	Gach bliadhna tron eagraan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais
Fastadh- sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.	Far a bheil a' Ghàidhlig air a comharrachadh mar sgil riatanach, tha sinn air pasgan nan tagraichean a chur gu dà-chànanach.	Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach, far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach, gum bi fiosrachadh air fhoillseachadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla	Gach bliadhna tron eagraan seo	Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais

Corpas na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
<p>Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig- thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.</p>	<p>Bidh stuthan Gàidhlig sgrìobhte a nì Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a' cleachdadh nan Gnàthasan Litreachaidh Gàidhlig as ùire.</p>	<p>Nì sinn cinnteach gun leanar Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig anns a h-uile rud sgrìobhte a thèid a dhèanamh</p>	<p>Gach bliadhna tron eagrann seo</p>	<p>Na seirbheisean uile</p>
<p>Ainmean-àite- bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.</p>	<p>Ma tha comhairle a dhìth oirnn mu ainmean àite, chleachdamaid Ainmean-Àite na h-Alba.</p>	<p>Cleachdaidh sinn Ainmean-Àite na h-Alba gach turas a bhios feum againn air fiosrachadh co-cheangailte ri ainmean-àite.</p>	<p>Gach bliadhna tron eagrann seo</p>	<p>Na seirbheisean uile</p>

4.2 Amasan Ro-innleachdail airson na Gàidhlig

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear air seata de phrìomhachasan ro-innleachdail aontachadh le Bòrd na Gàidhlig.

Tha na h-amasan àrd-ìre nan àireamh bheag de ghnìomhan ro-innleachdail, ceangailte gu dlùth ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023, agus air am frèamadh timcheall air na trì cinn ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig:

- A' cur ri cleachdadh na Gàidhlig
- A' cur ri ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Is iad na h-amasan àrd-ìre aig Siorrachd Rinn Friù an Ear:

A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig				
Neartaich com-pàirteachasan le Cultar is Cur-seachad Siorrachd Rinn Friù an Ear, le gnìomhachasan ionadail agus le prìomh luchd-ùidh eile gus cur an dà chuir ri cleachdadh agus mothachadh air a' Ghàidhlig ann an sgìre na Comhairle.				
Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
Tha luchd-còmhnaidh mothachail air, agus a' faighinn taic gus a' Ghàidhlig a chleachdadh, ann an diofar shuidheachaidhean air feadh an ùghdarrais.	Tha Buidheann Obrach Ghàidhlig stèidhichte againn, le riochdairean bho oifigearan air feadh roinnean na Comhairle agus bhon Urras, gus obrachadh ann an com-pàirt gus an eagra seo a chruthachadh agus airson am Plana Gàidhlig a bhuileachadh.	Cuir ri cleachdadh agus mothachadh nan goireasan Gàidhlig a th' ann an leabharlannan mar-thà. Dèan barrachd co-obrachaidh eadar Cultar is Cur-seachad Siorrachd Rinn Friù an Ear agus solar FtG gus cothroman coimhearsnachd leithid	Gach bliadhna tron eagra seo Gach bliadhna tron eagra seo	Cultar is Cur-seachad Siorrachd Rinn Friù an Ear Àrainneachd

		<p>Bookbug Gàidhlig, clubaichean às dèidh sgoile (Sgoiltean Gnìomhach), msaa a thabhann.</p> <p>Tog mothachadh am measg ghnothachasan agus luchd-solair turasachd/aoigheachd air na buannachdan eaconamach an cois cleachdadh na Gàidhlig, ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig agus a cultar sònraichte agus tarraingeach do luchd-tadhail.</p> <p>Cùm oirnn a' coinneachadh mar bhuidheann-stiùiridh na Gàidhlig agus leudaich ballrachd gus dèanamh cinnteach gu bheil gealltanasan an eagrain seo gan lìbhrigeadh agus gu bheil dòigh ro-innleachdail ann gus cleachdadh a' chànain àrdachadh san ùghdarras.</p>	<p>Gach bliadhna tron eagrain seo</p> <p>Gach 6 mìosan tron eagrain seo</p>	A h-uile seirbheis
--	--	---	---	--------------------

A' cur ri ionnsachadh na Gàidhlig				
Coilean an dleastanas fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 gus foghlam Gàidhlig a bhrosnachadh agus gus taic a chumail ris, le adhartas air a sgrùdadh tro phròiseasan leasachaidh càileachd agus fèin-luachadh.				
Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
<p>Chaidh Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh ann am Bun-sgoil Thornliebank san Lùnastal 2023.</p> <p>Gheibh clann cothroman ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd air feadh a' churraicealaim.</p> <p>Tha luchd-teagaisg a' faighinn deagh thaic tro chothroman gus lionradh a dhèanamh le ionadan FtG eile aig ìre na bun-sgoile.</p>	<p>Tha sgoilearan air an giùlan gu solar FtG aig ìre na bun-sgoile ann an ùghdarrasan ionadail eile faisg air làimh.</p>	<p>Fastadh Prìomh Thidsear tro Mheadhan na Gàidhlig 1FTE</p> <p>Fastadh Tidsear tro Mheadhan na Gàidhlig 0.5FTE</p> <p>Lean air adhart a' fastadh luchd-obrach a bharrachd gus dèanamh cinnteach gu bheil ìrean iomchaidh de luchd-obrach ann airson àireamh a tha a' sìor fhàs ann an solar FtG aig ìre na bun-sgoile.</p> <p>Fastaich PSA le Gàidhlig</p> <p>Fastaich oifigear leasachaidh gus taic a chumail ri oide-eòlas agus cleachdadh FtG aig ìre na bun-sgoile.</p>	<p>An Giblean 2023</p> <p>An Lùnastal 2023</p> <p>Gach bliadhna tron eagan seo</p> <p>An Lùnastal 2023</p> <p>Lùnastal 2023 / Ògmhios 2024</p>	<p>Foghlam</p>

Cùm taic ri, agus cur an comas, fàs bliadhnail ann an Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) aig ìre na Bun-sgoile a dh'ionnsaigh targaid de 25 duine-cloinne a bhith ann ron Lùnastal 2025.				
Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
Bidh àireamhan sgoilearan ag àrdachadh gu leòr thar ùine.	Dà sgoilear ann am bun-sgoil 1 a' faighinn FtG. Sgoilearan nas sine a' dol gu FtG ann an ùghdarrasan ionadail faisg air làimh.	Brosnachadh roghainn Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig gu h-èifeachdach do phàrantan aig clann ann an ionadan tràth-bhliadhnaichean is cùram-chloinne aig Siorrachd Rinn Friù an Ear, a' gabhail a-steach obair com-pàirteachais le prìomh bhuidhnean.	Gach bliadhna tron eagran seo. Targaid de 25 sgoilearan ron Lùnastal 2025.	Foghlam

Planaich a dh'ionnsaigh solar FtG aig ìre na h-àrd-sgoile ann an 2030.				
Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
Àireamhan sgoilearan a' fàs gu leòr thar ùine gus am beachdachair air foghlam àrd-sgoile tron Ghàidhlig de chàileachd àrd.	Chan eil solar àrd-sgoile FtG ann.	Brosnachadh roghainn Foghlam Àrd-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig airson clann ann am FtG sa bhun-sgoil, a' gabhail a-steach obair com-pàirteachais le prìomh bhuidhnean.	Gach bliadhna tron eagran seo. Targaid de 30 sgoilearan ron Lùnastal 2028.	Foghlam

		<p>Dèan conaltradh le ùghdarrasan ionadail eile agus buidhnean nàiseanta gus ionnsachadh bho chleachdadh làidir ann an àiteachan eile ann a bhith a' dealbhadh FtG aig ceann shuas na bun-sgoile agus ìre na h-àrd-sgoile.</p> <p>Obraich ann an com-pàirteachas le buidhnean nàiseanta gus dèanamh cinnteach gum faigh luchd-teagaisg FtG cothrom air na sgilean agus na teisteanasan iomchaidh gus taic a chumail ri adhartas luchd-ionnsachaidh FtG tro na diofar ìrean.</p>		
--	--	---	--	--

Amas Àrd-ìre againn aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear: Cuir ri mothachadh mun Ghàidhlig agus cuir ri cothroman airson foghlam luchd-ionnsachaidh.

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
<p>Tha fios aig pàrantan agus clann air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a tha ann dhaibh.</p> <p>Tha cothroman air am planadh do chloinn ann am Bun-sgoil Thornliebank air cothroman a dhealbhadh gus Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt den churraicealam nas fharsainghe.</p>	<p>Chan eil foghlam luchd-ionnsachaidh ann do chloinn/òigridh</p>	<p>Cruthaich dòigh-obrach ro-innleachdail gus fiosrachadh a cho-roinn le pàrantan agus clann mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig air feadh sgìre na comhairle agus ann an ùghdarrasan eile faisg air làimh.</p> <p>Lean air adhart a' planadh chothroman curraicealaim ionnsachadh na Gàidhlig bho BS1 air adhart agus leudaich seo a rèir adhartas leis na bliadhnaichean sgoile ann am FtG aig ìre na bun-sgoile.</p> <p>Planaich cothroman dhan sgoil air fad gus pròifil na Gàidhlig àrdachadh tro bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn, agus a' comharrachadh, cànanan,</p>	<p>Gach bliadhna tron eagan seo</p> <p>Gach bliadhna tron eagan seo</p> <p>Gach bliadhna tron eagan seo</p>	<p>Foghlam</p> <p>Foghlam</p> <p>Foghlam</p>

		<p>cultaran agus iomadachd còmhla.</p> <p>Cruthaich cothroman do phàrantan aig clann ann am FtG gus lìonrachadh agus gus cur ris na sgilean Gàidhlig aca.</p>	Gach bliadhna tron eagra seo	
--	--	---	------------------------------	--

Tog mothachadh air a' Ghàidhlig agus dèan cinnteach gu bheil cothrom aig luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig iomchaidh.

Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
Tha cothrom aig luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig air cothroman ionnsachaidh iomchaidh.	Bidh luchd-ionnsachaidh inbheach a' faighinn cothrom air clasaichean Gàidhlig Ghlaschu Beò.	Cruthaich plana seasmhach gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom leantainneach aig luchd-còmhnaidh ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig air prìs reusanta ann an com-pàirteachas le buidhnean san treas roinn agus ùghdarrasan ionadail faisg air làimh.	Gach bliadhna tron eagra seo	Foghlam

A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig				
A' brosnachadh deagh ìomhaigh dhan Ghàidhlig tro libhrigeadh nan gealltanasan a thaobh seirbheisean corporra agus foghlam sa Phlana Ghàidhlig seo				
Buil a thathar ag iarraidh	Cleachdadh làithreach	Gnìomhan a dhìth	Ceann-latha targaid	Uallach
Tha beachdan fàbharach aig luchd-còmhnaidh agus luchd-obrach Siorrachd Rinn Friù an Ear a thaobh na Gàidhlig agus tha prìomh luchd-ùidh a' cur luach innte.	Far a bheil stòrasan air a cheadachadh, tha sinn air amas air ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig tro bhith a' libhrigeadh gnìomhan a tha air am mìneachadh sa chiad eagraan againn den Phlana Ghàidhlig airson 2018-2023.	Brosnaich agus cuir ris na gealltanasan Gàidhlig a chaidh aontachadh san eagraan làithreach seo dhan luchd-obrach air fad agus cùm sùil air mar a thèid an cur an sàs gach bliadhna.	Gach bliadhna tron eagraan seo	Na seirbheisean uile

5. Ceanglaichean ris an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta

Bidh Plana Gàidhlig Siorrachd Rinn Friù an Ear a' cuideachadh gus na builean a leanas anns an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta a thoirt air adhart:

- clann agus òigridh - fàsaidh sinn suas gu sàbhailte le gaol is spèis oirnn gus an coilean sin ar làn chomasan.
- coimhearsnachdan - tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha ion-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte.
- cultar- tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing.
- eaconamaidh - tha eaconamaidh againn a tha farpaiseach aig ìre an t-saoghail, a tha tionnsgalach, in-ghabhalach agus seasmhach.
- foghlam - tha deagh fhoghlam is deagh sgilean againn agus tha sinn comasach air cur ris a' chomann-shòisealta.
- còraichean daonna - tha spèis againn air còraichean daonna, tha sinn gan dìon agus gan coileanadh agus tha sinn saor bho leth-bhreith..

Gheibhear làn fhiosrachadh mun Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta aig <https://nationalperformance.gov.scot/>

Gheibhear fiosrachadh mu phrìomh fhrèaman dealbhaidh agus coileanaidh na Comhairle fhèin an seo cuideachd:

- [Plana Lìbhrigeadh nam Builean](#)
- [Co-ionannachdan is Còraichean Daonna](#)
- [Plana Leasachaidh Foghlaim Ionadail](#)

6. Foillseachadh

Bidh am plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad 5 bliadhna bhon cheann-latha air an deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Tha an earrann seo den phlana a' mìneachadh mar a dh'fhoillsicheas Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear am Plana Gàidhlig seo agus mar a bheir sinn fios do luchd-ùidh air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh mu dheidhinn.

Air an taobh a-staigh

Thèid Plana Gàidhlig Siorrachd Rinn Friù an Ear fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla agus leigidh sinn fios do luchd-obrach agus luchd-ùidh eile air an taobh a-staigh aig gach ìre mun phlana, mu uallach sam bith a th' orra a thaobh libhrigeadh agus mu na cothroman a th' ann dhaibh a' Ghàidhlig a chleachdadh agus/no na sgilean aca a thoirt air adhart.

Nithear seo le bhith:

- a' foillseachadh fiosrachadh air eadra-lìon an luchd-obrach againn
- a' gabhail a-steach na Gàidhlig sa mhodal intrigidh e-lonnsachaidh

Air an taobh a-muigh

Thèid am Plana Gàidhlig fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

- Nì sinn sanasachd air a' phlana air diofar àrd-ùrlaran sna meadhanan sòisealta.
- Cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh.
- Sgaoilidh sinn am plana do phrìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach agus prìobhaideach agus san treas roinn.
- Cuiridh sinn fios do bhuidhnean eile, a' gabhail a-steach treas phàrtaidhean agus buidhnean leth eisimeileach, tro na meadhanan sòisealta agus tro làrach-lìn na Comhairle agus brosnachidh sinn iad a bhith ag obair ann an spiorad nan gnìomhan sa phlana seo.

7. Goireasachadh a' Phlana

Thèid a' mhòr-chuid de na cosgaisean co-cheangailte ri libhrigeadh a' phlana seo àbhaisteachadh taobh a-staigh buidseatan a th' ann mar-thà agus/no mar phàirt de phròiseasan ùrachaidh leantainneach. Ma dh'fheumar beachdachadh air mar a gheibhear goireasan airson iarrtasan eile a thig am bàrr bho choileanadh a' phlana, nithear aithisgean eile air seo agus thèid aontachadh leis a' Chomhairle a rèir pròiseasan buidseit

àbhaisteach. Cumaidh sinn oirnn a' sireadh cothroman maoinachadh bhon taobh a-muigh airson na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear.

8. A' sgrùdadh a' Phlana

Tha sgrùdadh leantainneach air Planaichean Gàidhlig aontaichte na riatanas fo Achd na Gàidhlig (Alba) agus tha Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh air gach ùghdarras poblach aithisg sgrùdaidh ullachadh gach bliadhna, bho 12 mìosan às dèidh ceann-latha aonta a' phlana agus gach bliadhna às dèidh sin.

Nì Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear aithisg bhliadhnail a thèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig agus a bhios ri faighinn dhan phoball.

9. Am Plana Gàidhlig anns an Ùghdarras Phoblach

Uallach airson a' phlana air a' cheann thall

Tha an co-uallach iomlan airson Plana Gàidhlig Siorrachd Rinn Friù an Ear air an Stiùiriche Obraichean agus Com-pàirteachasan agus Stiùiriche an Fhoghlaim agus faodar fios a chur thuca mar a leanas:

AINM: Louise Pringle / Mark Ratter

DREUCHD: Stiùirichean

ROINNEAN: Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais / Foghlam

AINM NA BUIDHNE Siorrachd Rinn Friù an Ear

SEÒLADH: Pàirce Coille an Ear, Rathad Rouken Glen, Giofnag, G46 6UG

ÀIREAMH FÒN: 0141 577 3136 or 0141 577 3103

SEÒLAIDHEAN PUIST-D: louise.pringle@eastrenfrewshire.gov.uk mark.ratter@eastrenfrewshire.gov.uk

Uallach làitheil airson a' phlana

Tha uallach làitheil aig Seirbheisean Ro-innleachdail airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

AINM: Megan McIntyre

DREUCHD: Oifigear Seirbheisean Ro-innleachdail

ROINN: Obraichean agus Com-pàirteachasan Gnothachais

AINM NA BUIDHNE Siorrachd Rinn Friù an Ear

SEÒLADH: Prìomh Oifis na Comhairle, Pàirc na Coille an Ear, Rathad Rouken Glen, Giofnag, G46 6UG

SEÒLADH PUIST-DEALAIN: megan.mcintyre@eastrenfrewshire.gov.uk

Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh na Gàidhlig



Gus dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Gàidhlig leabaichte air feadh structar corporra an ùghdarras phoblaich air fad, tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh buidheann buileachaidh agus sgrùdaidh a' Phlana Gàidhlig a stèidheachadh, air a bheil luchd-obrach bho air feadh an ùghdarras phoblaich le uallach airson cruthachadh, buileachadh agus sgrùdadh diofar thaobhan den phlana.

Tha Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear air Buidheann Obrach Plana Gàidhlig a stèidheachadh, leis a' phrìomh dhleastanas na gealltanasan sa phlana seo a leasachadh. Tha ballrachd tar-roinneil agus a' gabhail a-steach riochdachadh bho Lèirsinnean Ro-innleachdail is Coimhearsnachdan, Goireasan Daonna, Conaltradh, Foghlam, Seirbheisean Luchd-cleachdaidh agus Cultar is Cur-seachad Siorrachd Rinn Friù an Ear.


Eàrr-ràdh 1 – In-sgrùdadh air Comas Cànanain

Mar phàirt de chruthachadh a' Phlana seo, rinn Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear sgrùdadh air comasan na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne tro shuirbhidh air-loidhne a chaidh a bhrosnachadh dhan luchd-obrach air fad tron Eadra-lìon agus tron t-seanail HR againn air Teams. Fhuair an t-suirbhidh 40 freagairt agus gheibhear fiosrachadh mu na freagairtean gu h-ìosal.

- A' tuigsinn na Gàidhlig – cuir strìochag san aithris a tha thu a' creidsinn a tha a' riochdachadh na h-ìre tuigse a th' agad air a' Ghàidhlig** (*Chan eil mi a' tuigsinn Gàidhlig sam bith, Tha mi a' tuigsinn Gàidhlig gu ìre, Is urrainn dhomh Gàidhlig fhileanta a thuigsinn*)



- Cuir strìochag ri taobh na h-aithris a tha thu a' creidsinn a tha a' riochdachadh ìre do chomais labhairt sa Ghàidhlig** (*Chan eil Gàidhlig agam, Is urrainn dhomh Gàidhlig a bhruidhinn gu ìre, Is urrainn dhomh Gàidhlig a bhruidhinn gu misneachail*)



3. **Comas leughaidh sa Ghàidhlig - cuir strìochag ri taobh na h-aithris a tha thu a' creidsinn a tha a' riochdachadh do chomais leughaidh sa Ghàidhlig** (*Chan urrainn dhomh Gàidhlig sam bith a leughadh, Is urrainn dhomh beagan fhaclan, shoidhnichean no abairtean a thuigsinn, Is urrainn dhomh tòrr teacsa Gàidhlig a thuigsinn agus a leughadh gu cofhurtail*)



4. **Comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig - cuir strìochag ri taobh na h-aithris a tha thu a' creidsinn a tha a' riochdachadh do chomais sgrìobhadh sa Ghàidhlig** (*Chan urrainn dhomh dad a sgrìobhadh sa Ghàidhlig, Is urrainn dhomh abairtean no seantansan sìmplidh a sgrìobhadh sa Ghàidhlig, Is urrainn dhomh sgrìobhadh gu fileanta sa Ghàidhlig*)



Tha 10% den luchd-freagairt air pàirt a ghabhail ann an ionnsachadh/trèanadh Gàidhlig, bho Duolingo gu ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt de churraicealam na sgoile. Tha 2 obair ann an Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear aig an àm seo far a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach, aon dreuchd 0.5 mar Tìdsear Clas FtG agus 1 dreuchd Prìomh Thidsear Làn-ùine airson na sgoile FtG ùire.

Eàrr-ràdh 2 - Co-chomhairle Phoblach

Dh'fhoillsich Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a' chiad dreachd de Phlana Gàidhlig Siorrachd Rinn Friù an Ear ann am Beurla air an àrd-ùrlar Commonplace, a tha na inneal com-pàirteachaidh eadar-ghnìomhach eadar 16 Cèitean agus 27 Ògmhios 2023.

Bha a' cho-chomhairle air-loidhne fosgailte fad sia seachdainean agus chaidh a brosnachadh tro sheanailean na comhairle air na meadhanan sòisealta. Uile gu lèir, bha 157 freagairtean dhan t-suirbhidh, le 324 'aonta' a bharrachd bho luchd-freagairt gu beachdan dhaoine eile air an àrd-ùrlar Commonplace. Tha na ceistean a chaidh fhaighneachd san t-suirbhidh agus mion-sgrùdadh air an fhios-air-ais a rèir an stiùiridh a thug Bòrd na Gàidhlig seachad, is e sin gum bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh poblach fòcas a chur air beachdan a gheibhear a thaobh an dreachd Plana a-mhàin agus gun a bhith a' toirt a-steach beachdan nas fharsainge a thaobh na Gàidhlig fhèin.

Geàrr-chunntas air beachdan bhon cho-chomhairle phoblach

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt dearbhadh an toiseach gun robh iad air an dreachd plana a leughadh agus fhreagair 85% gun robh. Bha ceist 2 a' coimhead air sgilean cànan an luchd-freagairt agus b' urrainn do mu 6% Gàidhlig a thuigsinn/a bhruidhinn/a leughadh ach cha b' urrainn ach 3% sgrìobhadh sa chànan.

San ath-earrann chaidh faighneachd **“Gu dè an ìre is gu bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis na h-aithrisean a leanas mun phlana”** agus tha na toraidhean mar a leanas:

C3. Tha am Plana Gàidhlig furasta a leughadh.


Toilichte	16%
Riaraichte	37%
Gun a bhith ag aontachadh no ag eas-aontachadh	31%
Mì-riaraichte	7%
Mì-thoilichte	9%

Tha am Plana Gàidhlig furasta a thuigsinn.


Toilichte	15%
Riaraichte	35%
Gun a bhith ag aontachadh no ag eas-aontachadh	34%
Mì-riaraichte	7%
Mì-thoilichte	9%

Dh'fhaighnich Earrann 3 do luchd-freagairt **dè an ìre is gun robh iad ag aontachadh ris na h-aithrisean a leanas air sgèile bho 1 (ag aontachadh gu làidir) gu 5 (ag easaontachadh gu làidir).**


C5. Brosnaichidh am plana àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear



C6. Brosnaichidh am plana seo fàs ann an ionnsachadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear



C7. Meudaichidh am plana mothachadh air a' Ghàidhlig agus cuiridh e air adhart deagh ìomhaigh dhan Ghàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear



Bha an ath sheata de cheistean nan ceistean teacs a fosgailte a dh'fhaighnich:

C8. An robh earrannan sònraichte den phlana seo a bha feumail dhut?

C9. A bheil thu a' faireachdainn gu bheil rud sam bith a dh'fhàidh air an dreachd Phlana Gàidhlig seo airson 2023 –2028.

C10. A bheil molaidhean sam bith eile agad a thaobh mar a ghabhadh am Plana Gàidhlig ùr againn leasachadh san fharsaingeachd?

Thog mòr-chuid mhòr de na beachdan mu na ceistean a' cheist an robh feum air leasachadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear aig àm far a bheil cuingeadan mòra buidseit mu choinneimh an ùghdarras ionadail. Bhon anailis a rinneadh air na beachdan, tha e coltach nach eil an luchd-freagairt seo daonnan mì-riaraichte le susbaint no structar a' phlana, ach gu bheil iad an aghaidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear a bhith a' cruthachadh agus a' cur an gnìomh plana a bhrosnaicheas Gàidhlig san sgìre san fharsaingeachd. Tha an dragh seo a thaobh

leasachadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear ri fhaicinn a-rithist anns na beachdan mì-fhàbharach a chaidh a thoirt dhuinn ann an C5, 6 agus 7.


Ach, a rèir na comhairle a chuir Bòrd na Gàidhlig a-mach mu bhith a' cur fòcas air beachdan mu phlanaichean gu sònraichte seach mun Ghàidhlig san fharsaingeachd, tro anailis air freagairtean, chaidh a chomharrachadh gum feumar dèiligeadh ris na puingean a leanas gus draghan an luchd-còmhnaidh a lasachadh:

- Tha feum air barrachd mion-fhiosrachaidh mu chothroman do dh'ìnbhich gus Gàidhlig ionnsachadh
- Tha feum air tuigse nas fheàrr air carson a tha am plana cudromach agus air eachdraidh na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear
- Barrachd fiosrachaidh mu mar a thèid am plana a mhaoineachadh agus a bhuileachadh


Fiosrachadh deamografach

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt fiosrachadh mun deidhinn fhèin a thoirt seachad gus a' Chomhairle a chuideachadh gus na seirbheisean aice a thaobh na Gàidhlig a leasachadh, ach cha robh riatanas sam bith orra a' phàirt seo den t-suirbhidh a lionadh.

Dè a' bhuidheann aoise sa bheil thu?



Dè an suidheachadh sa bheil sibh a thaobh obrach?



Dè an ceangal a th' agad ris an sgìre?

